



National
Qualifications
2021 ASSESSMENT RESOURCE

X832/75/13

Nàiseanta 5

**Gàidhlig
Earrann Èisteachd**
Gàidhlig
Listening Transcript

Ùine — 25 mionaid

Chan fhaod oileanach sam bith am pàipear seo fhaicinn.

Ri fhosgladh leis an tidsear mur eil an disc ag obair neo far a bheil cead air a thoirt seachad ro laimh leis an SQA airson an stugh a leughadh ris na tagraichean aig a bheil feumalachdan sònraichte.

This paper must not be seen by any candidate.

The material overleaf is provided for use in an emergency only (for example, the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



* X 8 3 2 7 5 1 3 *

Stiùiridhean airson leughadair(ean):

Leugh a-mach an earrann dà thuras, le còig mionaidean eadar gach turas.

Far a bheil stiùiridhean airson leughadh air an aontachadh ro laimh, feumar boireannach airson earrann comharraichde le **(b)** agus fireannach airson **(f)**; agus neach-teagaisg far a bheil **(n—t)**.

Instructions to reader(s):

Read the passage twice with an interval of 5 minutes between the two readings.

Where special arrangements have been agreed in advance to allow the reading of the material, those sections marked **(b)** should be read by a female speaker and those marked **(f)** by a male; those sections marked **(n—t)** should be read by the teacher.

(1 mionaid)/(1 minute)

(n—t) Seo Eilidh a’ bruidhinn mu latha a rinn i rud annasach.

(b/f) Nuair a chuala mi gun robh an sgoil againn a’ cur air dòigh turas-sgoile gu Alba Nuadh, bha mi air bhioran gus a dhol ann. Bha mo bhràthair air a bhith air cuairt-sgoile an sin ceithir bliadhna air ais agus thuirt e gur e cothrom mìorbhaileach a bh’ ann. Dh’inns e gur e na rudan bu mhotha a mhothaich e cho càirdeil ’s a bha a h-uile duine ris an do choinnich iad agus cho coltach ’s a bha an sgìre ri Alba fhèin.

Bha sinn dol a chruinneachadh airgead airson cuideachadh leis na cosgaisean a bha an lùib an turais agus b’ e an smuain a bha agam airson airgead a thogail, leum paraisiut a dhèanamh. Bha dealbh agam nam cheann a bhith coltach ri eun a’ sgiathail tron adhar agus bha fiughar orm an leum a dhèanamh. Ach nuair a thuirt mi ri mo charaidean dè bha fa-near dhomh bha iad ag ràdh gun robh mi glan às mo chiall!

Aon mhadainn àlainn, choinnich mi fhèin agus buidheann de sheachdnar dhaoine eile faisg air Peairt. Chuir e iongnadh orm gun robh sinn gus ar trèanadh fhaighinn agus cuideachd an leum fhèin a dhèanamh air an aon latha. Shaoil mise gun toireadh e làithean mus b’ urrainn dhuinn leum! B’ e Ruairidh an t-ainm a bha air an neach-teagaisg agam agus feumaidh mi ràdh gun tug e orm a bhith a’ faireachdainn nas cofhurtaile agus nas calma leis a h-uile càil a thuirt e agus dh’fhalbh an t-eagal a bha air èirigh annam.

Tha diofar rudan ri ionnsachadh mus leum thu. An toiseach, feumaidh tu ionnsachadh mar a bhios tu a’ faighinn a-mach às a’ phlèana gu sàbhailte. Sìmplidh gu leòr, ’s dòcha gu bheil thu a’ smaoineachadh, ach tha e beagan eadar-dhealaichte nuair a tha thu anns an adhar! Tha thu cuideachd ag ionnsachadh mar a bhios am paraisiut fhèin ag obair agus mar a bhios tu ga stiùireadh agus ’s dòcha an rud as cudromaiche, mar a bhios tu a’ tighinn gu talamh gun do chasan a bhriseadh.

Nise feumaidh mi aideachadh nach do leum mi leam fhèin ach gun robh mi ceangailte ri Ruairidh ann an leum ris an canar leum-càraid agus b’ esan a bha a’ stiùireadh a h-uile càil. Nuair a dh’èirich a’ phlèana far na talmhainn, bha mo chridhe a’ plubadaich nam bhroilleach. Gu math luath bha sinn aig an àirde cheart agus thug Ruairidh soidhne dhomh gluasad chun an dorais a bha a-nis fosgailte.

Thachair a h-uile càil cho luath; aon diog bha sinn aig an doras agus an ath dhiog bha sinn anns an adhar agus am paraisiut mòr dearg fosgailte os ar cionn. Cha robh sinn a’ tuiteam ach airson diog no dhà ach bha e a’ faireachdainn cho annasach agus mì-nàdarrach. Bha a’ ghaoth gar bruthadh agus am fuaim a’ dèanamh cinnteach nach

b' urrainn dhomh càil a chluinntinn. B' urrainn dhomh na h-achaidhean agus cnuic fhaicinn cho fad 's a chitheadh mo shùil. Chithinn rathad fodham le càraichean coltach ri seangain air.

Agus an uair sin bha sinn air an talamh, dìreach far an do thòisich sinn. Chan urrainn dhomh a chur ann am faclan cho math 's a chòrd an latha rium agus bha fìor fhaireachdainn agam gun robh mi air rud sònraichte a dhèanamh, a thuilleadh air a' chòig cheud not a chruinnich mi airson an turais.

(n—t) Crìoch na h-earrainne.

A-nis sgrìobhaibh ur freagairtean.

[CRÌOCH NAH EARRANNE]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEAG SEO